



Comhairle Maoinachaidh na h-Alba

A' brosnachadh foghlam adhartach agus àrd ìre

BÒRD NA
GÀIDHLIG



Phlana Gàidhlig

Tha am Plana seo air ullachadh a rèir Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig 2005 (Alba) agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 15 Dùbhlachd 2009



Clàr-innse

Facal-toisich		4
Geàrr-iomraidh		5
	Co-chomhairleachadh air Plana Gàidhlig	5
	Comhairle Maoineachaidh na h-Alba	
	Structair a' Phlana Gàidhlig	6
Caibideil 1	Ro-ràdh	8
	A' stèidheachadh an co-theacsa airson Plana Gàidhlig a leasachadh	8
	Cunntas air Comhairle Maoineachaidh na h-Alba	8
	Gàidhlig ann an raon-obrach Comhairle Maoineachaidh na h-Alba	9
	Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Maoineachaidh na h-Alba	10
Caibideil 2	Priomh Dhleastanasan	11
	Buileachadh Toraidhean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba	12
	Earrann 1 – Dearbh-aithne	13
	Earrann 2 – Conaltradh	15
	Earrann 3 – Foillseachaidhean	19
	Earrann 4 – Luchd-obrach	22
Caibideil 3	Builean Poileasaidh na Gàidhlig: toirt gu buil Plana Nàiseanta na Gàidhlig	26
	Builean Poileasaidh na Gàidhlig	26
	An suidheachadh làithreach	26
	Dealas a thaobh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig	28
	Plana Leasachaidh airson taic a thoirt do chothroman ionnsachaidh FE/HE 2009-14	29
	Rannsachadh cànan	31
	Amasan leasachadh ro-innleachdail 2009-14	33
Caibideil 4	Buileachadh is sgrùdadh	34
	Clàr-ama	34
	A' foillseachadh a' Phlana	34
	Sgrùdadh air buileachadh a' Phlana	34
	Tuilleadh fiosrachaidh	35

Facal-toisich

Mar Cheannard Comhairle Maoineachaidh Foghlam Adhartachadh is Àrd Ìre na h-Alba (SFC), tha mi toilichte a' chiad Phlana Gàidhlig againn a chur far comhair.

Mar phrìomh bhuidheann nàiseanta poblach ann an Alba, le uallach airson maoineachadh a chur an sàs gu ro-innleachdail a thaobh ionnsachadh agus rannsachadh ann an colaistean is oilthighean na h-Alba, tha an comas againn cur gu mòr ri bhith toirt taic is leasachadh dhan Ghàidhlig. Tha sinn air sàr dhealas a nochdadh a thaobh na Gàidhlig anns na bliadhnaichean a chaidh seachad tro thasgadh ann an solarachadh a' chànain, trèanadh thidsearan is a' maoineachadh thoglaichean a tha a' libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig – a thuilleadh air an obair againn fhìn – ach tha Achd na Gàidhlig (Alba) a' cruthachadh a' chomais gus tuilleadh a dhèanamh.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil dùbhlain mhòra fad-ùineach fa chomhair na Gàidhlig san àm ri teachd, ach tha sinn cuideachd a' creidsinn gu bheil cothrom seaghail ann airson atharrachadh cinnteach a dhèanamh air cànan a tha an teis-mheadhan dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba.

Tha am Plana Corporra againn airson nam bliadhnaichean 2009-12 a' sealltainn mar a chuireas sinn ri beairteas chultarail agus shòisealta na h-Alba agus, le bhith dèanamh seo, ri aon de phrìomh amasan Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba:

“..... dearbh-aithne nàiseanta, làidir, ceart agus in-ghabhalach” (Buil Nàiseanta 13). Tha ar taic dhan Ghàidhlig aig teis-mheadhan ar coileanaidh a thaobh na buile seo.

Tha ar Plana a' sealltainn mar a bhios a' Chomhairle a' cur ri bhith stèidheachadh àm ri teachd a bhios seasmhach dhan Ghàidhlig ann an Alba. Ann a bhith a' leasachadh a' Phlana, tha sinn air obrachadh le colaistean, oilthighean agus eile airson cothroman sònraichte a shònrachadh gus taic a thoirt ann a bhith a' libhrigeadh phrògraman ionnsachaidh Gàidhlig. Tha sinn a' coimhead air adhart ri còmhradh a dhèanamh le colaistean agus oilthighean na h-Alba gus na cothroman sin a chur an cèill agus mar sin, a bhith a' neartachadh cultar agus dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba.

MTS Batho
An Cèitean 2009

Geàrr-iomraidh

Seo Plana Gàidhlig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (an SFC), air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig ann an coileanadh ar dreuchdan, mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball is ar prìomh chom-pàirtichean, agus mar a dh'àrdaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig tro ar poileasaidhean agus ar maoin.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt riatanach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba. Tha sinn dealasach a thaobh nan amasan a tha air an cur sìos ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus tha sinn air na structairean is na ro-innleachdan a dh'fheumas sinn a chur nan àite gus am faigh sinn air ar dleastanas a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig an Alba san àm ri teachd.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig gu math lag agus ma thathar a' dol ga h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, feumar oidhirp làidir bhon riaghaltas, an roinn phoblach agus phrìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig;
- adhartachadh togail agus ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- brosnachadh tuilleadh cleachdadh den Ghàidhlig.

Chaidh am Plana Gàidhlig againn ullachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail a bha air an comharrachadh ann an Achd 2005 agus a' toirt aire do *Phlana Nàiseanta na Gàidhlig* agus an *Stiùireadh a thaobh Leasachadh Phlanaichean Cànan Ghàidhlig*.

Chaidh am brath reachdail a thaobh a' Phlana Ghàidhlig seo ullachadh a fhrithealadh air a' Chomhairle agus chan ann air na colaistean agus na h-oilthighean fa leth a tha sinn a' maoineachadh. 'Tha na dealasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo a' buntainn ri modhan-obrach an SFC. Chan eil iad a' riochdachadh dealas on Chomhairle a thaobh colaistean agus oilthighean fa leth, a tha nam buidhnean laghail neo-eisimeileach.

Co-chomhairleachadh air Plana Gàidhlig Comhairle Maoinachaidh na h-Alba

Tha Achd 2005 ag iarraidh air buidhnean poblach ullachadh am Planaichean Gàidhlig a thoirt gu aire gach buidheann aig a bheil ùidh. Rinn Comhairle Maoinachaidh na h-Alba co-chomhairleachadh phoblach air a (dhreachd) Phlana Gàidhlig eadar 23 Gearran agus 8 Cèitean 2009. Tha sinn airson taing a thoirt do na daoine fa-leth is do na buidhnean a fhreagair rè an àma seo. Tha sinn air ar dìcheall a dhèanamh gus na beachdan seo fhighe a-steach dhan dreachd dheireannach de ar plana

Structair an Phlana Gàidhlig

'S iad na prìomh phàirtean de ar Plana Gàidhlig:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' toirt bun-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri ullachadh Planaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar prìomh raointean-obrach an SFC. Tha e cuideachd a' toirt geàrr-chunntas air eòlas-sluaigh na Gàidhlig.

Caibideil 2 – Prìomh Dhleastanasan

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a nì an SFC feum den Ghàidhlig agus mar a chuireas e an cèill cleachdadh na Gàidhlig an lùib ar prìomh dhreuchdan obrach. Tha e a' ghabhail a-steach prìomh raointean obrach mar dearbh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh ris a' phoball agus mar a thathar a' cleachdadh na Gàidhlig air ar làrach-lìn. Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh na h-ìre as ìsle de sholarachadh na Gàidhlig a tha sinn airson a libhrigeadh rè beatha a' Phlana.

Caibideil 3 – Builean Poileasaidh na Gàidhlig: toirt gu buil Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas an SFC ann a bhith a' gnìomhachadh *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*. Tha e a' sealltainn mar a tha e nar dùil taic a thoirt do bhuidhnean foghlaim adhartach agus àrd ìre na h-Alba a tha airson cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a thoirt seachad, tro raointean poileasaidh sònraichte. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' beachdachadh

mun dòigh a bheir sinn a-steach a' Ghàidhlig agus am Plana Gàidhlig againn nuair a bhitheas sinn ag ullachadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 4 – Buileachadh is sgrùdadh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhithear a' cur an cèill buileachadh ar Plana Gàidhlig agus mar a nithear sgrùdadh air buileachadh agus toraidhean.

Caibideil 1 – Ro-ràdh

A' stèidheachadh an co-theacsa airson Plana Gàidhlig a leasachadh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' cur brath reachdail a-mach

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 achdachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri inbhe sheasmhach fhaighinn don Ghàidhlig mar chanan oifigeil an Alba le spèis co-ionnan ris a' Bheurla.

'S e aon de na prìomh nithean ann an Achd 2005 an t-ullachadh a tha a' toirt cothrom do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Bha an t-ullachadh seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach gum biodh an roinn phoblach an Alba a' gabhail pàirt ann an cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd tro bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman prataigeach airson a bhith ga cleachdadh.

A' cur aonta ri Plana Gàidhlig Comhairle Maoineachaidh na h-Alba

Chaidh Plana Gàidhlig an SFC air a chuir gu Bòrd na Gàidhlig airson aontachadh air 31 Cèitean 2009.

Cunntas air Comhairle Maoineachaidh na h-Alba

'S e an SFC am buidheann a bhios a' maoinachadh teagasg agus ionnsachadh, rannsachadh agus gnìomhan eile ann an colaistean agus oilthighean na h-Alba. Tha 43 colaistean agus 20 ionadan foghlaim àrd ìre a' faighinn maoin bhon SFC.

'S e buidheann poblach neo-roinneil (NDPB) fo Riaghaltas na h-Alba a th' anns an SFC agus chaidh a stèidheachadh gu foirmeil air 3 Dàmhair 2005 fo theirmean Achd Foghlam Adhartach agus Àrd Ìre (Alba) 2005. Chuireadh a' Chomhairle an àite a' Chomhairle Maoineachaidh airson Foghlam Adhartach agus a' Chomhairle Maoineachaidh airson Foghlam aig Àrd Ìre a bha ann roimh seo agus tharraing e ri chèile maoin agus taic airson colaistean agus oilthighean Alba fo aon bhuidhinn.

Tha an SFC a' toirt seachad còrr air £1.7 billean do cholaistean agus oilthighean na h-Alba airson teagasg is ionnsachadh, rannsachadh agus gnìomhan eile a rèir tùs-amasan Riaghaltas na h-Alba.

Tha a' Chomhairle air a frithealadh le mu 130 neach-obrach stèidhichte ann an Dùn Èideann. Tha sgioba gnìomh na Comhairle air a stiùireadh leis a'

Cheannard Mark Batho. Tha dà Àrd-stiùiriche a' stiùireadh ar prìomh raointean gnothachais ann an structar eagrachaidh ùr a chaidh a stèidheachadh ann an 2009.

Gàidhlig taobh a-staigh raon-obrach Comhairle Maoineachaidh na h-Alba

'S e buidheann nàiseanta a th' annainn a tha a' maoineachadh 43 colaistean foghlaim aig ìre adhartach agus 20 oilthigh air feadh Alba. Mar sin, tha luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh Alba air fad agus anns na coimhearsnachdan Gàidhlig air taobh a-staigh na sgìre sam bi a' Chomhairle ag obair. Tha seo a' gabhail a-steach a h-uile sgìre agus coimhearsnachd anns a bheil daoine a tha comasach air Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh a' dèanamh suas a' mhòrchuid den t-sluagh.

Sheall an cunntas-sluaigh ann an 2001 gur e dìreach 58,552 (dìreach fo 1.2%) de shluagh na h-Alba a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn. 'S ann dìreach ann an trì a-mach à 32 sgìre ùghdarras ionadail a tha an earrann den t-sluagh is urrainn Gàidhlig a bhruidhinn ag èirigh na àirde na 2%. Ach, tha an àireamh de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus cuideachd a leughadh agus a sgrìobhadh air èirigh eadar 1991-2001 a' sealltainn fàs ann an litearras na Gàidhlig agus tha fàs cuideachd ann an àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Tha an àireamh de chloinn (aois 5-15) a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn cuideachd air àrdachadh rè an ama seo.

Chan eil na staitistigean a tha ri làimh an-dràsta ag innse mòran dhuinn mu sholar na Gàidhlig ann an colaistean agus oilthighean na h-Alba. Chaidh ceumannan a ghabhail cheana gus an dàta airson roinn nan colaistean airson 2007-08 a leasachadh. Tha am Plana Cànan seo a' cur dealas air an SFC leasachadh a dhèanamh air mar a tha an dàta seo air a chlàradh airson roinn nan oilthighean. Ach, tha sgrùdadh a chaidh a dhèanamh leis an SFC ann an 2005 a' tabhann dealbh air solar na Gàidhlig aig an àm sin:

- thabhann 13 colaiste cùrsaichean ann an Gàidhlig ann an 2004-05 (56 oileanach air cùrsaichean fileantaich agus 526 oileanach air cùrsaichean luchd-ionnsachaidh);
- bha na colaistean a bha nan aonadan acadaimigeach taobh a-staigh UHI a' solarachadh teagaisg Gàidhlig chun ìre a bu mhotha ann an roinn nan colaistean;
- bha seachd oilthighean a' tabhann Gàidhlig aig grunn ìrean; agus

- bha an àireamh de dh'oileanaich a' dèanamh Gàidhlig ann an roinn nan oilthigh beag ach bha coltas ann gun robh cùisean a' dol am feabhas.

Sheall rannsachadh neo-fhoirmeil aig deireadh 2009 nach eil ach ochd colaistean maoinichte leis an SFC a' tabhann chùrsaichean Gàidhlig, a' riochdachadh còrr air 500 clàradh. Tha sia de na colaistean seo a' tabhann chùrsaichean aig ìre FE a-mhàin, a dhà dhiubh a' tabhann teisteanasan an SQA. Tha an dà cholaiste eile, Colaisde a' Chaisteil agus Sabhal Mòr Ostaig, a' tabhann chùrsaichean aig ìre HE mar chom-pàirtichean Institiud nam Mìle Bliadhna OGE, cho math ri cùrsaichean FE.

Tha an aon ìre de dh'oilthighean a' tabhann Gàidhlig fhathast (ceithir aig ìre ceum, an cùrsa teagaisg ìre for-cheum aig Oilthigh Shrath Chluaidh, agus dhà eile a' tabhann solar coimhearsnachd). Tha ceum RSAMD ann an Ceòl Albannach, a tha a' gabhail a-steach òrain Ghàidhlig, a' cur ris na cùrsaichean a tha rim faotainn.

Tha am Plana seo a' cur dealas air a' Chomhairle sùil a chumail air mar a thathar a' solar chùrsaichean is a' dèiligeadh ri iarrtasan air an son, an co-bhoinn ri colaistean agus oilthighean. Tha sinne cuideachd dealasach ann a bhith a' cuideachadh cholaistean agus oilthighean airson na thathar a' tabhann an-dràsta adhartachadh agus a shanasachadh. Is e ar n-amas leudachadh a dhèanamh air na tha ri fhaotainn agus air an àireamh a tha a' gabhail cothrom air a' Ghàidhlig ionnsachadh ann an earrann nan colaiste thar ùine a' phlana seo.

Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Maoinachaidh na h-Alba

Rinn sinn sgrùdadh air luchd-obrach an SFC a thaobh an eòlas a bha aca air a' Ghàidhlig. Aig an àm, bha 138 daoine ag obair dhan SFC. A-mach à sin, thuirtdhis den luchd-obrach gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn. Cha robh duine ag ionnsachadh na Gàidhlig, ach thuirtdhis 18 dhiubh gun bu chaomh leotha Gàidhlig ionnsachadh. 'S e aon neach-obrach a-mhàin a thuirtdhis gu robh e/i comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh ged nach robh mòran fileantas aig an neach seo.

Cumaidh sinn cunntas air comasan Gàidhlig ar luchd-obrach agus cuiridh sinn am fiosrachadh as ùire a-steach dhan aithisg bhliadhnail a bhios sinn a' dèanamh air a' phlana Gàidhlig

Caibideil 2 – Prìomh Dhleastanasan

San *Stiùireadh a thaobh Leasachadh Phlanaichean Cànan Ghàidhlig*, thuirt Bòrd na Gàidhlig gur e bhith cruthachadh an àrainn iomchaidh airson na Gàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblach aon de na prìomh nithean ann a bhith ag ath-bheothachadh a' chànan. Tha am Bòrd air sònrachadh ceithir prìomh raointean libhrigidh air a bheil e ag iarraidh air buidhnean poblach aghaidh a chur an uair a tha iad ag ullachadh Planaichean Gàidhlig:

Dearbh-aithne: dearbh-aithne chorporra
soidhnichean

Conaltradh: fàilteachas
fòn
post agus post-dealain
foirmean
coinneamhan poblach
modh gearain

Foillseachaidhean: dàimh phoblach agus na meadhanan
stuth clò-bhuailte
làraich-lìn
taisbeanaidhean

Luchd-obrach: trèanadh
ionnsachadh cànan
fastadh
sanasachd

Mar phrìomh bhuidheann nàiseanta ann an Alba, tha sinn a' creidsinn gu bheil e cudromach gu bheil ar buidheann a' sealltainn gu bheil sinn dealasach mun Ghàidhlig tro ar dòigh-giùlain, gnìomhan, agus an dòigh anns a bheil sinn a' libhrigeadh ar dreuchdan gnothachais. Tha sinn a' cur suim mhòr nar dleastanas nàiseanta agus tha sinn airson a bhith aithnichte mar dheagh eisimpleir is mar bhuidheann a tha air thoiseach air càch – buidheann a tha gu mòr airson a bhith ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig agus a tha aithnichte le luchd-labhairt na Gàidhlig mar bhuidheann ris an urrainn dhaibh an dleastanas a dhèanamh tron Ghàidhlig.

Sna bliadhnaichean a chaidh seachad, tha sinn air atharraichean cudromach a dhèanamh gus cur an cèill cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig. Tha sinn, mar eisimpleir, air atharrachaidhean a dhèanamh air ar dearbh-aithne chorporra, air ar soidhnichean, agus air ar stuth clò-bhuailte is ar foillseachaidhean.

Tha ùine a' phlana leanaidh sinn oirnn a' sgrùdadh agus a' measadh ar conaltradh le luchd-labhairt na Gàidhlig (luchd-obrach is oileanaich) ann an oilthighean agus colaistean (agus buidhnean-ùidh eile) agus gus leasachadh an dòigh anns a bheil sinn a' mìneachadh ar n-obair do choimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba. Ach, sa gheàrr-ama tha sinn air tuilleadh cheumannan a shònrachadh is urrainn dhuinn a ghabhail mar bhuidheann, gu h-àraidh an lùib ar conaltraidh is eadar-obair le luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha sinn air na gnìomhan sin a chur an cèill sna clàran a leanas.

Buileachadh Toraidhean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha Bòrd na Gàidhlig agus an SFC gu mòr airson nan Toraidhean Nàiseanta a choileanadh mar a chaidh an stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba. Sna clàran a leanas, tha sinn a' sònrachadh mar a tha na tha sinn an dùil a dhèanamh a' cur ri na Toraidhean Nàiseanta a leanas:

- 1 Tha an òigridh againn nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, cinnteach asta fhèin, nan luchd-cuideachaidh èifeachdach agus nan saoranaich chùramach (Toradh Nàiseanta 4).
- 2 Tha coimhearsnachdan làidir, tapaidh agus taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail uallach airson na tha iad a' dèanamh agus mar a tha iad a' toirt buaidh air daoine eile (Toradh Nàiseanta 11).
- 3 Tha sinn a' gabhail uail ann an dearbh-aithne nàiseanta làidir, ceart agus iom-ghabhaileach (Toradh Nàiseanta 13).
- 4 Tha na seirbheisean poblach againn aig ìre àrd, a' fàs nas fheàrr an-còmhnaidh, èifeachdach agus a' freagairt air feumalachdan dhaoine ionadail (Toradh Nàiseanta 15).

Earrann 1 – Dearbh-aithne

Nuair a thathar a’ cleachdadh na Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus ann an soidhnichean ùghdarras phoblaich tha seo a’ cur gu mòr ri follaiseachd a’ chànain, ag àrdachadh a h-inbhe agus tha e na aithris chudromach mun luach a thathar a’ cur air a’ Ghàidhlig agus an aithne a thathar a’ toirt dhi. Faodaidh leudachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cuideachd cur ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, aire a’ phobaill air a’ chànain a thogail agus cur ri leasachadh a’ chànain fhèin.

Tha Comhairle Maoinachaidh na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' leasachadh agus a' togail inbhe a' chànain.

Dreuchd leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Priomh Oifigear	Ceann-là sùilichte
Dearbh-aithne Chorporra					
Dòigh-obrach làithreach	Tha dearbh-aithne na Comhairle a’ gabhail a-steach ar samhla is ar n-ainm sa Bheurla agus sa Ghàidhlig agus ar n-abairt mìneachaidh. Sna foillsichidhean agus sa phàipearachd againn tha an teacsa Beurla is Gàidhlig air a chur bhon làimh chli chun làimh cheart le follaiseachd co-ionnan. A thaobh ar cairtean-gnothaich, tha ar samhla le aon dreachd de ar n-ainm is den abairt mìneachaidh, is fiosrachadh mun dòigh air fios a chur gu luchd-obrach, sa Ghàidhlig air aon thaobh agus sa Bheurla air an taobh eile.				
Priomh Raointean leasachaidh	Leudaichaidh sinn an cleachdadh den dreachd Ghàidhlig a-mhàin de ar samhla (mar air na cairtean-gnothaich). Mar eisimpleir den chleachdadh seo			Ceannard Conaltraidh	Ro deireadh 2009

	<p>bhiodh an comharra mu mhaoineachadh on SFC.</p> <p>Aig an aon àm nì sinn tuilleadh leasachaidh air ar seòlaidhean a thaobh a bhith a' cleachdadh ar logo.</p> <p>Nuair a thèid ath-leasachadh a dhèanamh air ar dearbh-aithne chorporra, thèid beachdachadh air logo shìmplidh a bhios a' gabhail a-steach an dà chànan ann an sgrìobhadh.</p>					Tha an Dearbh-aithne Corporra fhathast làithreach.
Toraidhean Nàiseanta iomchaidh air an taiceachadh: Toraidhean Nàiseanta 13 agus 15						
Soidhnichean (a-muigh agus a-staigh)						
Dòigh-obrach làithreach	Soidhnichean air taobh a-muigh an togalaich 's taobh a-muigh an aonaid fàilte co-roinnte ann am Beurla agus Gàidhlig					
Priomh Raointean leasachaidh	Chan eil tuilleadh leasachaidh san amharc					
Toraidhean Nàiseanta air an taiceachadh: Toraidhean Nàiseanta 13 agus 15						

Earrann 2 – Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad chonaltradh eadar buill den phoball agus ùghdarras poblach a' meudachadh na thathar a' faicinn agus a' cluinntinn den chànan, agus a' cur ris a' mhothachaidh gu bheil comas agus cothrom aca Gàidhlig a chleachdadh. A thuilleadh air a bhith ag àrdachadh ìomhaigh a' chànan, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman air a bhith ga cleachdadh agus a' toirt misneachd do bhuill den phoball Gàidhlig a chleachdadh ann a bhith a' dèanamh gnothaich ris an ùghdarras phoblaich às dèidh làimhe.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an coluadar ris an ùghdarras tron phost, post-dealain agus air fòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman prataigeach air a' chànan a chleachdadh, agus a' cur ris a' mhothachaidh gu bheil comas agus cothrom ann a cleachdadh. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an iomadh seòrsa foirm Gàidhlig agus ann am foirmean dà-chànanach cuideachadh gu mòr a thaobh follaiseachd agus cliù a' chànan. Faodaidh ullachadh de riochdan Gàidhlig de fhoirmean, bileagan-tagraidh is sgrìobhainnean eile, a bhith na thaic cuideachd ann a bhith a' leudachadh an raon de bhriathrachas Gàidhlig a tha ann agus am mothachadh a tha aig luchd-labhairt na Gàidhlig air a' bhriathrachas sin is mar sin a' cuideachadh le bhith a' leasachadh a' chànan fhèin.

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson Gàidhlig a chleachdadh ann an iomadh seòrsa suidheachadh làitheil agus dealasach mu bhith a' meudachadh na h-ìre solarachaidh san raon seo.

Dreuchd leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Ceann-là sùilichte
Ionad-fàilte					
Dòigh-obrach làithreach	Chan eil soidhnichean an-dràsta ann an Gàidhlig.				

Prìomh Raointean leasachaidh	Soidhnichean ùra ann an Gàidhlig 's Beurla rin cur dhan ionad-fàilte			Ceannard Conaltraidh	Lùnastal 2009
Toraidhean Nàiseanta air an Coileanadh: Toraidhean Nàiseanta 13 agus 15					
Fòn					
Dòigh-obrach làithreach	Tha an fhòn air a freagairt ann am Beurla.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Thèid trèanadh a thoirt dhan luchd-obrach aig an ionad-fàilte gus am bi e comasach dhaibh dèiligeadh ann an dòigh iomchaidh ri fàilte a chuireadh orra sa Ghàidhlig.			Ceannard Stòrasan Daonna	Ro 31 Dùbhlachd 2009
Post agus Post-dealain					
Dòigh-obrach làithreach	Tha fiosrachadh àicheil an cois gach post-d ann an Gàidhlig agus Beurla.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Ni sinn cinnteach gum bi ainm nan dreuchdan ann an ainm sgrìobhte air post-d san dà chànan			Ceannard Conaltraidh	Ro 31 Lùnastal 2009 Targaid air atharrachadh gu 31 Dùbhlachd 2009 –tha atharrachadh air a bhith

					ann an tiotalan dhreuchdan mar thoradh air ath-eagrachadh.
	Cuiridh sinn fàilte air litrichean is eile ann an Gàidhlig agus nì sinn gach dìcheall freagairt sa Ghàidhlig, ag aithneachadh gun d' fhuair sinn an litir taobh a-staigh 20 là. (Seo an ìre foillsichte.)				
Foirmean					
Dòigh-obrach làithreach	Tha iad air an ullachadh sa Bheurla..				
Prìomh Raointean leasachaidh	Beachdaichidh sinn air foirmean fastachd ullachadh ann an riochd dà-chànanach a rèir nan gnìomhan a tha air an cur an cèill ann an Earrann 4			Ceannard Stòrasan Daonna	Ro 31 Dùbhlachd 2009
Coinneamhan Phoblach					
Dòigh-obrach làithreach	Cha bhi an SFC a' cumail choinneamhan poblach.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Chan eil tuilleadh leasachaidh san amharc.				

Modh Gearain					
Dòigh-obrach làithreach	Tha ar dòigh modh gearain a' nochdadh ann am Beurla air an làrach-lìn againn.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Ar dòigh modh gearain a chur ann an Gàidhlig air an làrach-lìn againn.			Ceannard Riaghladh Corparra	Ro Dùbhlachd 2009

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an sreath de stuth clò-bhuailte cuideachadh a’ leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a’ cuideachadh a’ meudachadh faicsinneachd a’ chàinain, tha e a’ cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean iomraiteach, agus faodaidh e cuideachadh a’ deasachadh agus a’ daingneachadh briathrachais. Tha bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a’ cuideachadh gus sealltainn gu bheil ùghdarras poblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach a libhrigeadh sa Ghàidhlig, agus a’ cur ri inbhe agus faicsinneachd a’ chàinain. Mar a gheibh barrachd dhaoine fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, faodaidh an t-ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a’ chàinain.

Tha Comhairle Maoinachaidh na h-Alba dealasach a chum a bhith ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig sna cuspairean as motha anns a bheil ùidh aig a’ mhòr-shluagh no far a bheil ceangal sònraichte aige ri cùisean Gàidhlig.

Dreuchd leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Priomh Oifigear	Ceann-là sùilichte
Stuth Clò-bhuailte					
Dòigh-obrach làithreach	Bidh an teacsa airson ar dà phrìomh fhoilleachadh, am plana corporra agus an lèirmheas bliadhnail air am foillseachadh sa Ghàidhlig air làrach-lìn SFC.				Lùnastal 2009
Priomh Raointean	Thèid poileasaidh mu seasmhachd sholar foillseachaidhean teicneigeach a			Ceannard Conaltraidh	Màrt 2010

leasachaidh	stèidheachadh.			agus Prìomh Oifigear Anailitigs	
Dàimh Phoblach is na Meadhanan					
Dòigh-obrach làithreach	Tha fiosan naidheachd ann am Beurla				
Prìomh Raointean leasachaidh	Far a bheil fiosrachadh de dh'ùidh shònraichte do choimhearsnachdan Gàidhlig thèid fiosan naidheachd ullachadh ann am Beurla agus ann an Gàidhlig, agus bidh BBC Alba air an liosta-sgaoilidh. Ullaichidh sinn stiùireadh air fiosan-naidheachd dà-chànanach.			Ceannard Conaltradh Corporra is Cùisean air an Taobh A-Muigh	Ro Lùnastal 2009 Ro dheireadh 2009
Làrach-lìn					
Dòigh-obrach làithreach	Tha a' mhòr-chuid den fhiosrachadh air an làrach-lìn againn sa Bheurla.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Tarraingidh sinn ri chèile am fiosrachadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig air an làrach-lìn againn gus am bi e comasach stuth a lorg ann an aon àite. Bheir seo a-steach, mar eisimpleir, fiosrachadh sam bith a thaobh poileasaidh Gàidhlig agus am			Ceannard Conaltraidh	Lùnastal 2009

	<p>Plana Gàidhlig againn.</p> <p>Leudachaidh sinn na tha againn de Ghàidhlig agus leasachaidh sinn a' phàirt seo den làrach gus a bhith dà-chànanach leis an rùn gum bi ùidh aig daoine gun Ghàidhlig sa chùis seo.</p> <p>A thuilleadh air a' mhodh gearain againn (faic shuas) bheir sinn seachad prìomh fhiosrachadh Corporra eile (mar eisimpleir, stiùireadh air dòighean gus fiosrachadh fhaighinn mu Chead Fiosrachaidh agus Dìon Dàta) ann an Gàidhlig.</p>				<p>Rè ùine a' phlana seo</p> <p>Ro Dùbhlachd 2009</p>
Taisbeanaidhean					
Dòigh-obrach làithreach	Tha na bùird foillseachaidh airson taisbeanaidhean (4) ann am Beurla				
Prìomh Raointean leasachaidh	Thèid aon de na bùird foillseachaidh againn (a thèid a chleachdadh aig coinneamhan agus tachartasan) a chur dhan Ghàidhlig			Ceannard Conaltraidh	Ro Lùnastal 2009

Earrann 4 – Luchd-obrach

Gus seirbheisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig, feumaidh ùghdarrasan poblach leasachadh a dhèanamh air na sgilean obrach agus na sgilean cànan a dh'fheumas an luchd-obrach. Cuiridh cothroman ionnsachaidh cànan airson luchd-obrach ri adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhich, agus àrdaichidh e a' Ghàidhlig mar nì sònraichte san àite-obrach. Cuiridh comharrachadh obraichean anns a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte gu mòr ri inbhe a' chànain agus comharraichidh e gur e sgil air leth feumail a th' innte.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh gus tuigsinn gum bu chòir a' Ghàidhlig a chleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais phoblaich. Ge bith dè an ìre de sgilean Gàidhlig a dh'fheumar, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil Gàidhlig na fhìor riatanas obrach. Bu chòir do dh'ùghdarrasan cothroman agus slatan tomhais a chleachdadh agus an cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun bi gach dreuchd air a lìonadh air stèidh chothromach agus co-chòrdail agus a rèir sgilean ainmichte na dreuchd.

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e àite a thoirt dhan Ghàidhlig mar sgil obrach chudromach agus suidheachaidhean a chomharrachadh anns a bheil cleachdadh na Gàidhlig riatanach no feumail. Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba cuideachd a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e cothrom a thoirt do luchd-obrach an sgilean a leasachadh ma tha iad air a shon.

Dreuchd leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Priomh Oifigear	Ceann-là sùilichte
Trèanadh					
Dòigh-obrach	Thathar a' tabhann trèanadh ann am Beurla.				

làithreach					
Prìomh Raointean leasachaidh	Chan eil tuilleadh leasachaidh san amharc.				
Ionnsachadh Cànan					
Dòigh-obrach làithreach	Chan eil brosnachadh sònraichte ann gus Gàidhlig ionnsachadh. Tha am poileasaidh trèanaidh is leasachaidh againn a' toirt cothrom tro thaic le ùine, cìsean cùrsa, cosgaisean eile agus ùine dheth airson rannsachadh agus deuchainnean. Tha beagan taic airgid ri fhaotainn cuideachd airson ionnsachadh pearsanta (nach eil co-cheangailte ri obair).				
Prìomh Raointean leasachaidh	Bheir sinn taic do luchd-obrach a tha airson Gàidhlig ionnsachadh, mar eisimpleir tron Mhaoin Ionnsachadh Fad-beatha do luchd-obrach. Brosnaichidh sinn luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh agus leasachaidh sinn tuigse de chultar na Gàidhlig. Bidh seo mar chùrsaichean an asgaidh san àite-obrach an toiseach.			Ceannard Stòrasan Daonna	A' dol air adhart

	Bheir sinn a-steach dòighean gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh nas adhartaich, a' gabhail a-steach litreachd na Gàidhlig, a rèir 's mar a bhios feumalachdan a' fàs an lùib ar luchd-obrach.				
Fastadh					
Dòigh-obrach làithreach	Tha am modh fastaidh againn sa Bheurla.				
Prìomh Raointean leasachaidh	San àm ri teachd, thèid dreuchdan a shònrachadh far am bi comas labhairt na Gàidhlig na chuideachadh dhuinn ann a bhith a' coileanadh amasan a' phlana agus fastaidh sinn a rèir seo.			Ceannard Stòrasan Daonna	
Sanasachd					
Dòigh-obrach làithreach	Tha an sanasachd sa Bheurla.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Thèid dreuchdan far a bheil a' Ghàidhlig mar sgil deatamach a shanasachadh gu sònraichte sa Ghàidhlig. Far a bheil a' Ghàidhlig air a comharrachadh mar sgil feumail, thèid			Ceannard Stòrasan Daonna	

	seo ainmeachadh gu soilleir san t-sanas.				
--	--	--	--	--	--

Caibideil 3 – Builean Poileasaidh na Gàidhlig: toirt gu buil Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Builean Poileasaidh na Gàidhlig

Tha na prìomh roinnean cànan ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a th' air an aithneachadh is air an gnìomhachadh sa Phlana Gàidhlig againn fhìn co-cheangailte ri Comhairle Maoineachaidh na h-Alba mar bhuidheann chorporra. Tha an SFC ag aithneachadh gu bheil cothroman ann an cànan adhartachadh is a leasachadh tro ar prìomh obair an co-bhoinn ris na h-ionadan foghlam adhartach is àrd ìre.

Sgrùdaidh an SFC na poileasaidhean a tha ann an-dràsta agus an fheadhainn a thèid an cur an cèill san àm ri teachd gus raointean a shònrachadh far an urrainnear a' Ghàidhlig fhisge a-steach gus am bi *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* air a choileanadh tron obair seo.

An suidheachadh làithreach

Tha fiosrachadh mun t-suidheachadh làithreach sa Chèitean 2009 air a shoillearachadh gu h-ìseal:

- Gnìomhachd a thaobh oileanaich

Tha am maoin airgid againn airson ionadan foghlam aig àrd ìre a' toirt taic do Roinn Ceiltis, Oilthigh Obair Dheathain; Roinn Ceiltis agus Eòlas na h-Alba, Sgoil Litreachais, Cànan agus Cultaran, Oilthigh Dhùn Èideann; Roinn Ceiltis Oilthigh Ghlaschu; cùrsaichean aig ìre oilthigh sna buidhnean com-pàirteachais aig OGE; agus ceum ann an cèol traidiseanta na h-Alba agus pìobaireachd aig Acadamaidh Rìoghail na h-Alba airson Cèol is Drama.

A thuilleadh air seo, tha grunnan oilthigh leithid Oilthigh Dhùn Dèagh, Oilthigh Chill Rìmhinn agus Oilthigh Taobh Siar Alba, a' ruith chlasaichean coimhearsnachd seachtrach ann an Gàidhlig.

Tha ar maoin airson colaistean foghlam adhartach a' toirt taic do sholar chùrsaichean Gàidhlig aig grunnan ìre ann an Colaiste Inbhir

Àir, Colaiste Chill Mheàrnaig¹, Colaiste Langside, Colaiste Pheairt, Colaiste Reid Kerr, Colaiste Stow agus Colaiste Telford ann an Dùn Èideann, a thuilleadh air na cùrsaichean foghlam adhartach aig Colaiste a' Chaisteil agus Sabhal Mòr Ostaig. Tha Colaiste Arcaibh cuideachd a' tabhann chùrsaichean ann an Cultar na Gàidhealtachd is nan Eilean.

- Trèanadh Thidsearan

Tha an SFC ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e solar thidsearan a bhith ann le teisteanas airson teagaisg Gàidhlig agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an SFC a' maoineachadh 25 àite gach bliadhna airson PGDE (Bun-sgoil) gus taic a thoirt do sholar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (còig àitean do Oilthigh Obar Dheathain agus 20 àite do Oilthigh Srath Chluaidh).

- Taic airson Sabhal Mòr Ostaig

Tha a' Cholaiste Ghàidhlig Sabhal Mòr Ostaig (SMO) a' faighinn maoineachadh bho SFC a thaobh na tha a' cholaiste a' tabhann ann an raon foghlaim adhartach ach taobh a-muigh an fhoirmle maoineachaidh àbhaisteach. Mar phàirt de OGE, tha SMO cuideachd a' faighinn taic airson foghlam àrd ìre. A thuilleadh air a' mhaoin seo, fhuair SMO tabhartas airgid iom-ghlèidhte airson foghlam àrd ìre ann an 2008-09 mar thoradh air a mhisean is a dhleastanasan sònraichte. Tha an SFC cuideachd a' rianachd an tabhartais a chaidh a thoirt do SMO le Riaghaltas na h-Alba fo Achd Dualchas Nàiseanta (Alba) 1985 airson cumail a' dol a' leasachadh cànan agus cultar na Gàidhlig.

- Aithisg air Foghlam Gàidhlig ann an Alba

Dh'fhoillsich an SFC aithisg air *Solarachadh an Fhoghlaim Ghàidhlig ann*

¹ On chaidh an dreachd ullachadh tha Colaiste Chill Mheàrnaig air stad a chur air an t-solair Ghàidhlig.

an Alba, san t-Samhain 2007

www.sfc.ac.uk/specialism/Gaeliclanguage/GaelicLanguage.aspx.

Bha seo mar thoradh air sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air staitistig a bha ri làimh air na bha buidhnean foghlam adhartach is àrd ìre a' dèanamh ann an Alba, agallamhan a bha air an cumail le daoine ann an colaistean is oilthighean agus còmhradh le eòlaichean nàiseanta Gàidhlig agus rinnear molaidhean air dòighean air am faodadh foghlam adhartach is foghlam aig àrd ìre cur ri leasachadh na Gàidhlig.

- Maoineachadh Gàidhlig

Ghabh an SFC comhairle air an aithisg gu h-àrd agus mar thoradh air seo, chaidh sruth maoineachaidh a chomharrachadh agus chaidh cuireadh a-mach airson pròiseactan a bheireadh taic do dh'fhoghlam Gàidhlig (cuairtlitir SFC/25/2008).

- Lèirmheas air maoineachadh

Tha an SFC ag aithneachadh gu bheil trioblaid fad-ùine ann a thaobh meud chlasaichean agus an ceangal a tha aig seo ri ar dòigh maoineachaidh is a' bhuidhnean a tha aige air seasmhachd foghlaim Gàidhlig. Thathar a' coimhead ris a' chùis seo mar phàirt den lèirmheas air ar maoineachadh tro New Horizons agus tro Phròiseact Ro-innleachdail nan Colaistean, dìreach mar a tha ar beachd choitcheann a thaobh solar na Gàidhlig san fharsaingeachd.

Dealas a thaobh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a' cur an cèill sealladh dhan Ghàidhlig mar chànan fallainn is beothail do bheil meas a' sìor mheudachadh ann an Alba nuadh, ioma-chultarail is ioma-chànanach. Tha e a' comharrachadh ceithir roinnean eadar-cheangailte de leasachadh cànan air am feumar aghaidh a chur. 'S iad sin:

- Togail cànan
- Cleachdadh cànan
- Inbhe cànan

- Corpas cànanain

Tha an SFC airson 's gum bi pàirt aige ann an dèanamh cinnteach gum bi am *Plana Nàiseanta Gàidhlig* air a ghnìomhachadh tro phrìomh obair fhèin agus tro cho-obrachadh le colaistean agus oilthighean an Alba. San earrann seo, tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an amas sin tro bhith an sàs ann an raointean tùs-amais a tha air an comharrachadh sa *Phlana Nàiseanta*.

Plana Leasachaidh airson taic a thoirt do chothroman ionnsachaidh FE/HE 2009-14

Chaidh an SFC a stèidheachadh ann an 2005 agus bhathar mothachail on toiseach gum feumar a bhith ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus taic a thoirt do dh'Achd na Gàidhlig. Tha ballrachd aig an SFC air Buidheann Stiùiridh an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig agus air a Bhuidheann-obrach airson Foghlam Adhartach agus Àrd Ìre.

Tha am brath reachdail bho Bòrd na Gàidhlig mun chlàr-ama againn airson Plana Cànanain a dheasachadh a' toirt co-theacsa foirmeil dhan obair poileasaidh againn mar a tha e a' dol air adhart. A' togail air an obair sgrùdaidh agus co-chomhairleachaidh a thathar air a dhèanamh sna bliadhnaichean a chaidh seachad, tha an SFC air aontachadh maoin ro-innleachdail suas gu £250,000 gach bliadhna bho 2008-09 air adhart airson taic a thoirt do leasachadh chothroman ann am foghlam Gàidhlig aig ìre adhartach agus àrd ìre ann an Alba. Tha an SFC dealasach mu bhith a' furastachadh mholaidhean bho ionadan a tha airidh air am maoin seo fhaighinn an co-rèir ris an stiùireadh againn airson maoin ro-innleachdail.

Tha an SFC air aontachadh gum bi am maoin a bharrachd seo ag amas air na h-ionadan a tha a' sealltainn gu bheil iad dèanadachd san raon seo le sùil ri stòrasan a chur an sàs far am bi e dualtach gum bi a' bhuidheann as motha aca. Bidh am maoin seo a' toirt taic do thrì prìomh shruthan a chaidh an comharrachadh tro chonaltradh taobh a-staigh an raoin. Tha iad seo air am mìneachadh gu h-ìseal.

1 Cothroman Bogaidh Gàidhlig ann an Oilthighean agus Colaistean

Tha dìth chothroman airson adhartas a dhèanamh gu fileantachd na thrioblaid mhòr a thaobh leasachadh na Gàidhlig. Tha cothroman glè bheag ann do luchd-ionnsachaidh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean

làitheil. Tha an SFC air aontachadh taic a thoirt do sgeamaichean bogaidh a tha toirt cothrom do dh'oileanaich Gàidhlig a bhith a' cleachdadh an cànan ann an suidheachaidhean làitheil a tha cho coltach 's as urrainn ris an fheadhainn a tha aig oileanaich a tha ag ionnsachadh cànanan nodha eile.

2 Taic do bhuidhnean beaga de dh'oileanaich

Tha sinn mothachail gu bheil grunnan cholaist a' sireadh dhòigh air cùrsaichean a chumail a' dol no cùrsaichean Gàidhlig a thabhann a-rithist agus gu bheil ìre a' mhaoineachaidh – a tha a' ciallachadh gu bheil clasaichean mòra deatamach – na adhbhar iomagain. Sa gheàrr ùine, tha an SFC air aontachadh taic a thoirt gus cur ri seasmhachd nan cùrsaichean Gàidhlig le àireamhan beaga. Tha a' Chomhairle air aontachadh gum bi am maoin seo eadar-amail agus san ùine fhada gun dèan sinn lèirmheas air ar modhan maoineachaidh gus dèiligeadh ris an trioblaid seo.

3 Leasachadh Ro-innleachdail ann am Foghlam Gàidhlig

Tha an SFC air aontachadh maoin a thoirt do sgeamaichean airson taic a thoirt do leasachadh ro-innleachdail ann am foghlam Gàidhlig sna raointean a tha air an comharrachadh gu h-iseal ann an colaistean agus oilthighean. Bha na raointean seo air an comharrachadh san aithisg agus sa cho-chomhairleachadh a rinn sinn a thaobh solar na Gàidhlig. Tha an SFC an dùil am maoin seo a chleachdadh an co-roinn ri Buidheann Stiùiridh an Fhoghlaim aig Bòrd na Gàidhlig agus/ no am fo-bhuidheann Foghlam FE/HE mar a bhios iomchaidh. 'S iad na raointean a tha comharraichte:

- rannsachadh air a' mhargaidh – tha sinn mothachail gum biodh e na bhuannachd rannsachadh a dhèanamh mun iarrtas a tha ann a thaobh foghlam Gàidhlig agus na h-adhbharan a tha daoine air am brosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh;
- margaideachd gus an t-iarrtas àrdachadh – tha a' Chomhairle airson taic a thoirt do ro-innleachdan airson cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a mhargaideachd; agus
- leasachadh air stuthan is goireasan – bhiodh e aig teis-mheadhan a bhith a' dèanamh an ama ri teachd nas seasmhaich dhan Ghàidhlig nam biodh dòighean ann luchd-ionnsachaidh a thoirt bho ìre tòiseachaidh gu ìre fileantachd.

Leanaidh sinn oirnn a' co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig, agus le colaistean agus oilthighean, gus tùs-amasan a shònrachadh airson a' Ghàidhlig a leasachadh taobh a-staigh roinn nan colaistean is nan oilthighean.

Rannsachadh cànan

Aig a choinneamh air 15 Cèitean 2009, dh'aontaich Comhairle Maoineachaidh na h-Alba mu £1,866 millean a thasgadh thairis air seachd bliadhna, le ath-sgrùdadh an dèidh trì bliadhna, tron Mhaoin Horizon airson Oilthighean, comas rannsachaidh a leasachadh airson na Gàidhlig, le bhith a' stèidheachadh Soillse, a tha na cho-obrachadh eadar oilthighean an lùib an comasan rannsachaidh sa Ghàidhlig.

Tha an ro-innleachd seo ag amas air a bhith ag obair còmhla a thaobh an comasan rannsachaidh gus a bhith a' leasachadh agus a stèidheachadh:

- comas rannsachaidh aig ìre eadar-nàiseanta ann an leasachadh sa Ghàidhlig aig OGE le taic bho na com-pàirtichean eile, a chuireas ris an rannsachadh gus oidhirpean nàiseanta agus ionadail a bheathachadh ann a bhith a' cumail agus ag ath-bheothachadh cànan agus cultar na Gàidhlig ann an Gaidhealtachd is Eileanan na h-Alba agus nas fharsaing na sin; agus
- lìonra rannsachaidh cumhachdach thar HEIan na h-Alba, a' ceangal ri chèile luchd-rannsachaidh le ealantas no ùidh ann an cùisean Gàidhlig an là an-diugh agus a' fighe a-steach ri rannsachadh eadar-nàiseanta a thaobh a bhith a' cumail is ag ath-bheothachadh mion chànan.

Bidh e mar phrìomh dhleastanas air a' phròiseact seo a bhith a' cur ri poileasaidh poblach tro chomas rannsachaidh sa Ghàidhlig a bhios air a leudachadh gu mòr. Co-obrachaidh na h-institiùidean le chèile agus an lùib prìomh bhuidhnean eile leithid Bòrd na Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gum bi an innleachd a rèir feumalachdan nam buidhnean poblach a bhios an lùib poileasaidh agus gum bi am fiosrachadh a thig a-mach às an rannsachadh air a cho-roinn airson math na tha ag obair airson cànan agus cultar na Gàidhlig a chumail agus ath-bheothachadh.

A thuilleadh air seo, tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba a' co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, gus dòighean a dhealbh airson

taic a thoirt do phròiseact Faclair na Gàidhlig, a tha ag amas air faclair eachdraidheil electronaigeach de Ghàidhlig na h-Alba a chruthachadh.

Amasan leasachadh ro-innleachdail 2009-14

Prìomh raon	Amas	Ceann-là sùilichte	Stiùir
Leasachadh ro-innleachdail na Gàidhlig	Leasachadh agus aonta air pròiseactan air an stiùireadh le ionadan sònraichte tro Maoin Ro-innleachdail an SFC airson nam prìomh raointean gu h-àrd.	A' dol air adhart le tabhartas ro-innleachdail bliadhna airson leasachadh na Gàidhlig.	Leasachadh ro-innleachdail
Maoin airson cothroman Gàidhlig ionnsachadh	An SFC a' beachdachadh air maoin ro-innleachdail fad-ùineach airson ionnsachadh Gàidhlig a' gabhail a-steach dòighean foirmele agus dòighean sònraichte.	A rèir clàran-ama New Horizons agus Pròiseact Ro-Innleachdail nan Colaistean, ach dualtach a bhith deiseil ro dheireadh 2009.	Poileasaidh Maoin Teagaisg
Taic airson oileanaich	An SFC dol a chonaltradh leis an SAAS mu thaic do chùrsaichean bogaidh Gàidhlig a rèir an t-suidheachaidh le oileanaich chànanan eile.	Ron Iuchar 2009.	Leasachadh ro-Innleachdail
Fiosrachadh	Piseach a thoirt air clàradh dàta air solar na Gàidhlig, gu sònraichte ann an HEI an. Cunntas a thoirt air buaidh nan atharrachaidhean air dàta a thilleas o na colaistean.	Ann an tìde airson cunntas san litir fiosrachaidh a bhios a' dol a-mach gu colaistean agus oilthighean (cunntas 2010).	Rianachd Eòlais

Caibideil 4 – Buileachadh is Sgrùdadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil airson 5 bliadhna bhon cheann-là a thèid aontachadh le Bòrd na Gàidhlig no gus am bi Plana ùr air a chur an sàs.

A' foillseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig an SFC air fhoillseachadh san dà-chànan air làrach-lìn an SFC. Còmhla ri sin, bidh sinn:

- a' cur a-mach fios naidheachd ag ainmeachadh a' Phlana;
- a' cur a-mach cuairtlitir chun a h-uile colaiste agus oilthigh ag ainmeachadh a' Phlana agus gan stiùireadh-san – agus dhaoine eile – chun teacsa;
- a' toirt cothrom air lethbhric den Phlana nar n-oifisean poblach agus ionadan fàilte;
- ag innse don luchd-obrach mun Phlana tro eadra-lìn an SFC agus tachartasan sgaoilidh;
- a' sgaoileadh lethbhric den Phlana gu buidhnean eile aig a bheil ùidh ann agus a dh'iarras e; agus
- ag ainmeachadh a' Phlana sna litrichean mu na prìomh thabhartasan againn do cholaistean agus oilthighean.

Sgrùdadh air buileachadh a' Phlana

Bidh uallach air Ceannard an SFC airson dèanamh cinnteach gum bi an SFC a' libhrigeadh nan dealasan a tha air am mìneachadh sa Phlana.

Bidh uallach air Àrd-stiùiriche Ionmhas agus Maoin Corporra airson a bhith sgrùdadh nan leasachaidhean ann an raointean a' Phlana a tha co-cheangailte ri dleastanasan corporra.

Bidh uallach air Iar-stiùiriche Poileasaidh Maoin Teagaisg a bhith a' sgrùdadh leasachadh nan dealasan a tha sa Phlana a thaobh poileasaidh agus prìomh obair an SFC le colaistean agus oilthighean.

Bidh uallach air Stiùiriche Poileasaidh Rannsachaidh is Ro-innleachd airson a bhith sgrùdadh leasachadh nan dealasan a thaobh phròiseactan.

Bidh sgioba-gnìomh on SFC a' toirt iomradh dhan Chomhairle gach bliadhna (coinneamh na Samhna) air adhartas air a' Phlana. Le aonta bhon Chomhairle, cuiridh an SFC an aithisg seo air adhart gu Bòrd na Gàidhlig. Bidh uallach airson co-òrdanachadh an iomraidh seo air Iar-stiùiriche Poileasaidh Maoin Teagaisg.

Bidh uallach airson co-òrdanachadh an darna Plana Gàidhlig aig an SFC air Iar-stiùiriche Ionnsachadh, Riaghladh agus Seamhachd.

Tuilleadh fiosrachaidh

'S e am prìomh oifigear le uallach airson a bhith os cionn deasachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig an SFC:

Martin Kirkwood
Iar-stiùiriche Poileasaidh Maoin Teagaisg
Comhairle Maoineachaidh na h-Alba
Taigh Donaldson
97 Barraid Haymarket
Dùn Èideann
EH12 5HD

Fòn: 0131 313 6637
Post-d: mkirkwood@sfc.ac.uk

Bu chòir ceistean sam bith mun Phlana an cur gu:

Kathryn O'Loan
Oifigear Poileasaidh, Poileasaidh Maoin Teagaisg

Comhairle Maoinachaidh na h-Alba
Taigh Donaldson
97 Barraid Haymarket
Dùn Èideann
EH12 5HD

Fòn: 0131 313 6523
Post-d: koloan@sfc.ac.uk

Copies of this document are available, on request, in large print formats and in community languages. Please contact: communications@sfc.ac.uk

इस प्रलेख की प्रतियां, अनुरोध करने पर, मुद्रण के बड़े स्वरूपों में एवं सामुदायिक भाषाओं में उपलब्ध है।
कृपया संपर्क करें: communications@sfc.ac.uk

اس دستاویز کی نقلیں درخواست کرنے پر چلی حروف کی شکلوں اور معاشرتی زبانوں میں دستیاب ہیں۔ برائے مہربانی رابطہ فرمائیں:
communications@sfc.ac.uk

এই নথিটির কপি অনুরোধসাপেক্ষে বড় হরফে ছাপা ফরম্যাটে এবং জনগোষ্ঠীর ভাষায় পাওয়া যায়।
অনুগ্রহ করে এখানে যোগাযোগ করুন: communications@sfc.ac.uk

此文稿有大字印刷版和社區語言版本。請聯繫: communications@sfc.ac.uk

تتوفر نسخ من هذه الوثيقة، عند الطلب، بصيغ الطبعة بالحروف الكبيرة وبلغات
الجاليات. الرجاء الاتصال بـ: communications@sfc.ac.uk

ਇਸ ਦਸਤਾਵੇਜ਼ ਦੀਆਂ ਕਾਪੀਆਂ ਵੱਡੇ ਪ੍ਰਿੰਟ ਫਾਰਮੈਟਾਂ ਅਤੇ ਭਾਈਚਾਰਕ ਭਾਸ਼ਾਵਾਂ ਵਿਚ ਬਿਨਤੀ 'ਤੇ ਉਪਲਬਧ ਹਨ।
ਕਿਰਪਾ ਕਰਕੇ ਸੰਪਰਕ ਕਰੋ: communications@sfc.ac.uk

Tha lethbhreacan den sgrìobhainn seo rim faotainn, air iartas, ann an clò mòr agus ann an cànanan coimhearsnachd. Cuiribh fios gu: communications@sfc.ac.uk

Scottish Funding Council
Donaldson House
97 Haymarket Terrace
Edinburgh EH12 5HD

t 0131 313 6500
f 0131 313 6501

www.sfc.ac.uk

ISBN 978-1-899911-94-3

Cover photo: Canan © UHI